




Scottish & Southern  
Electricity Networks

TRANSMISSION

# Pròiseact Ceangail nan Eilean Siar

Co-chomhairle ron iarrtas dealbhaidh

An t-Sultain 2024




# Clàr-innse

Cumhachd gus atharrachadh còmhla An t-slighe gu 2030	<b>03</b> <b>04</b>	Dealbhan 3D Ceistean mu leasachaidh Leasachadh lèirsinneach A' libhrigeadh dileab àrainneachd adhartach Loidhne-ama a' phròiseict Na pròiseactan againn sna h-Eileanan Siar Tog do ghuth Do bheachdan Nòtaichean	<b>15</b> <b>16</b> <b>19</b> <b>20</b> <b>22</b> <b>24</b> <b>26</b> <b>27</b> <b>30</b>
Geàrr-chunntas air a' phròiseact Cuidich le bhith a' cumadh ar planaichean Mòr-ionad Leòdhais Mar a thagh sinn làrach Mòr-ionad Leòdhais Mapa Cricochan PAN	<b>08</b> <b>09</b> <b>10</b> <b>12</b> <b>14</b>		

## Thèid a' choinneamh a chumail:

Diardaoin 5 Sultain 2024, 3–7f  
Taigh-òsta a' Chabar-feidh, Steòrnabhagh, HS1 2EU



# Cumhachd gus atharrachadh còmhla



Sganaich an còd QR leis an fhòn-thapaidh agad gus barrachdfiosrachaidh fhaighinn mu mar a chaidh na poileasaidhean sin a mheasadh agus aontachadh.

## Tha an t-àm ann barrachd leasachaidh a dhèanamh air bun-structar lùths na h-Alba, a' toirt cumhachd do na ginealaichean ri teachd.

Chan e atharrachadh na gnàth-shìde an aon adhbhar airson a bhith a' gluasad ri àm ri teachd nas glaine is nas seasmaiche. Tha e mu bhith a' dèanamh cinnteach gum bi na h-aon chothroman aig ginealaichean ri teachd gus soirbheachadh 's a bh' againn uile.

## Tha pàirt againn uile ri chluich

Feumaidh sinn obair a dh'ionnsaigh cothromachadh carboin còmhla. Tha targaidean cothromachadh carboin àrd-amasach aigriaghaltasan na RA agus na h-Alba, agus tha sinn a' cluich ar pàirtann a bhith gan coileanadh. Bidh sinn ag obair gu dlùth ri Gníomhaiche Siostam Dealain a' Ghriod Nàiseanta gus goireasan lùths ath-nuadhachail mòra-air an cruthachadh le cumhachd na grèine, na gaoithe, dealan-uisge agus cumhachd na mara—a cheangal ri àiteachan far a bheil iarrtas air feadh na dùthcha. Tha àite cudromach aig Alba ann a bhith a' coileanadh an iarrtais seo, a' cur a-mach dà thrian den chumhachd a thèid a chruthachadh san lionra againn.

Ach, tha barrachd ri dhèanamh. Ro 2050, thathar an dùil gun cruthaich ceann a tuath na h-Alba còrr is 50GW de lùths beag-carboin gus cuideachadh le bhith a' libhrigeadh cothromachadh carboin. An-diugh, tha timcheall air 9GW de chruthachadh chumhachd athnuadhachail ceangailte ris an lionra anns an sgìre againn.

Aig SSEN Transmission, is e ar n-obair a th' ann siostam lùths athogail airson an àm ri teachd.

Tha sinn a' tasgadh £20 billean ann am bun-structar lùths na sgìre againn san deichead seo, a' toirt cumhachd do chòrr is deich millean dachaigh san RA and a' cumail taic ri 20,000 obair, 9,000 dhiubh sin ann an Alba.

## Cò sinne?

Tha sinn an urra ri cumail suas agus tasgadh ann an lionra tar-chuir dealain ann an ceann a tuath na h-Alba. Tha sinn nar pàirt de SSE plc, tè de na prìomh chompanaidhean lùths san t-saoghal le eachdraidh làidir ann an Alba a tha a' dol air ais còrr is 80 bliadhna. Tha sinn nar pàirt de SSE plc, tè de na prìomh chompanaidhean lùths san t-saoghal le eachdraidh làidir ann an Alba a tha a' dol air ais còrr is

80 bliadhna. Tha sinn cuideachd air ar riaghladh gu dlùth le riaghladair cumhachd Bhreatainn, Ofgem, a bhios a' dearbhadh dè an teachda-steach a dh'fhaodamaid fhaighinn airson a bhith a' togail, a' cumail suas agus ag ùrachadh ar lionra tar-chuir.

## Na nì sinn

Bidh sinn a' ceangal tùsan cumhachd ath-nuadhachail ris an lionra againn ann an ceann a tuath na h-Alba agus an uair sin ga ghiùlan do na h-àiteachan far a bheil feum air. Bho chàballan fon talamh agus fon mhuir gu loidhnichean os cionna talmhainn agus fo-stèiseanan dealain, bidh an lionra againn a' cumail nan solas agaibh air fad na bliadhna.

## Ag obair còmhla ribh

Tha sinn a' tuigsinn gum faod an obair a nì sinn buaidh a thoirt air na coimhearsnachdan anns a bheil sinn ag obair. Mar sin tha e na rùn dhuinn na buaidhean againn a lùghdachadh agus a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi na buannachdan as motha 's a ghabhas aig na leasachaidhean againn dhan sgìreagaibh. Thèid ar measadh gu cunbhalach a thaobh cunntachalachd le buidhean-chomhairleachaidh seasmhachd chruinneil a thaobh mar a bhios sinn a' conaltradh le coimhearsnachdan. Tha sin a' ciallachadh gun toir sinn seachad am fiosrachadh uile a dh'fheumas sibh mu na planaichean againn agus mar a bheil iad buaidh air coimhearsnachdan mar a' choimhearsnachd agaibh. Tha an dòigh sa bheil sinn a' co-chomhairleachadh cuideachd na phròiseas dà-thaobhach. Tha sinn airson beachdan agus draghan dhaoine a chluinntinn agus eòlas nan coimhearsnachdan sin a chur gu feum gus an toir an obair againn buaidh air na coimhearsnachdan sin san latha andiugh agus san àm ri teachd, Faodaidh sibh ur beachdan a thoirt dhuinn aig: [ssen-transmission.co.uk/talk-to-us/contact-us/](https://ssen-transmission.co.uk/talk-to-us/contact-us/)

# An t-slighe gu 2030

Gus siostam lùths an àm ri teachd a thogail, feumar bun-structar nach beag a libhrigeadh anns na beagan bhliadhnaichean ri teachd. Ann an com-pàirteachas le riaghaltasan na RA agus na h-Alba, tha sinn gu mòr airson nan dleastanasan againn airson cumhachd, athnuadhachailùr a cheangal ris na h-àiteachan far a bheil feum air ro 2030.

## A' coileanadh Cothromachadh Carboin

Ro 2030, tha an dà chuid riaghaltasan na RA agus na h-Alba agamas air leudachadh mòr ann an cruthachadh cumhachd nagaoithe aig muir - 500GW agus 11GW an urra. Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd air targaidean àrd-amasach a shuidheachadh airson 12GW a bharrachd de chumhachd nagaoithe aig muir ro 2030. Air feadh Bhreatainn, a' gabhail a-steach ann an ceann a tuath na h-Alba, feumaidh àrdachadh mòr a thighinn air comas-libhrigidh a' bhun-structair tar-chuir dealain air tìr gus targaidean 2030 a libhrigeadh air an t-slighe gu cothromachadh carboin.

## A' dìon ar feumalachdan cumhachd airson an àm ri teachd

Agus chan ann a-mhàin mu chothromachadh carboin a tha seo. Thae cuideachd mu bhith a' cruthachadh siostam lùths an seo ann a Breatainn gus nach toir buaireadh geo-phoilitigeach droch bhuaidhair an RA no àrdachadh air prìsean lùths.

## Meeting our 2030 targets



Anns an Iuchar 2022, dh'fhoillsich an Griad Nàiseanta, Gniomhaiche an t-Siostam Dealain (ESO), Pathway to 2030 Holistic Network Design (HND). Mhinich seo am plana airson a' bhun-structar tar-chuir air tìr agus aig muir a tha a dhìth gus taic a chumail ris an fhàs ris a bheil dùil ann an dealan ath-nuadhachail na RA. Is e plana àrd-amasach a th' ann a chuidicheas an RA gus cothromachadh carboin a choileanadh.

## Dè tha seo a' ciallachadh dhuibhse?

Bidh prìomh àite aig Ceann a Tuath na Gàidhealtachd ann a bhith a' coileanadh nan amasan sin. Dhearbh na sgrùdaidhean farsaing a dh'fhiosraich an Gniomhaiche Siostam Dealain Electricity System Operator (ESO) ann am Pathway to 2030 Holistic Network Design (HND) gun robh feum air Fo-stèisean 400kV ùr ann an sgìre na Manachainn gus an os-loidhne (overhead line) 400kV ùr a tha san amharc a cheangal eadar an Spideal agus Ceann Phàdraig, còmhla ri ceangal ùr nan Eilean. Tha sinn a' stiùireadh phròiseactan cumhachd mòra gus atharrachadh a thoirt air adhart san RA agus ann an Alba. Gus taic a chumail ri libhrigeadh nan targaidean airson cumhachd na gaoithe aig muir airson 2030 a shuidhich Riaghaltasan na RA agus na h-Alba, agus gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan ionadail, feumaidh sinn an lionra a th' againn mar-thà ùrachadh. Ann an cuid de phrìomh àiteachan, feumaidh sinn bun-structar gu tur ùr a chruthachadh gu luath.

## An lionra san àm ri teachd feumalachdan tasgaidh

Tha na targaidean againn airson 2030 nan ceud cheumannan air an t-slighe gu cothromachadh carboin. Tha targaid aig Riaghaltas na RA an siostam dealain againn a dhicharbonachadh ro 2035 agus an eaconamaidh a dhicharbonachadh gu h-iomlan le bhith a' ruigsinn cothromachadh carboin ro 2050, le Riaghaltas na h-Alba a' gealltainn gum bi cothromachadh carboin ann còig bliadhna roimhe sin (ro 2045). Gus na targaidean sin a choileanadh, bidh feum air barrachd tasgaidh ann an cruthachadh dealain beag-carboin agus air bunstructar lionra tar-chur dealain.



# The Pathway to 2030

## Na tha seo a' ciallachadh do na h-Eileanan an Iar

### Eachdraidh a' phròiseict

Chan eil ceangal tar-chuir (transmission) aig na h-Eileanan Siar ri tirmòr na h-Alba aig an àm seo agus tha obair leasachaidh air a bhith a' dol airson a' phròiseict seo, ris a bheilear a' dèanamh fiughair, fad còrr is 15 bliadhna. Tha am pròiseact feumach air cead bho Ofgem, riaghladair cumhachd neo-eisimeileach. An-uiridh, dhearbhaich an Holistic Network Design (HND) a dh'fhoillsich an Gniomhaiche Siostaman Dealain neo-eisimeileach (Grid Nàiseanta ESO) gun robh feum air ceangal HVDC 1.8GW ùr às na h-Eileanan an Iar, a' dol an àite nam planaichean a chaidh a phlanadh roimhe agus air an deach co-chomhairle a chumail gu heachdraidheil mu phlanaichean airson ceangal HVDC 600MW. Dh'aontaich Ofgem an uair sin gun robh feum air seo mar phàirt den cho-dhùnadh aca air frèam Tasgadh Tar-chuir Ro-innleachdail Luathaichte Accelerated Transmission Investment framework, a' ciallachadh gu bheil cead a-nis ann bhon riaghladair. Thoir an àire gu bheil an taic bhon riaghladair eadar-dhealaichte ris a' phròiseas dealbhachaidh agus gum bi feum air ceadandialbhachaidh iomchaidh às dèidh obair leasachaidh air a' phròiseact agus na co-chomhairlean poblach co-cheangailte.

### A' libhrigeadh maoin leas coimhearsnachd

Tha sinn ag aithneachadh na pàirt dheatamach a bhios aig coimhearsnachdan ionadail ann a bhith nan dachaighean dhanbhun-structar ro-chudromach seo agus tha sinn gu mòr airson geamaichean buannachd coimhearsnachd àrd-amasach is cruthatharrachaila libhrigeadh a dh'fhaodadh beatha atharrachadh agus dileab sheasmhach is adhartach a chruthachadh. O chionn ghoirid dh'fhoillsich sinn planaichean airson a' chiad Mhaoin Leas Coimhearsnachd againn, agus san t-Sultain ambladhna cuiridh sinn a-mach airgead tùsail air am bi cothrom aig coimhearsnachdan far a bheil pròiseactan a' dol air adhart. Thathar a' fastadh pannal maoin leas coimhearsnachd aig an àm seo a bhios an urra ri maoineachadh a bhuileachadh air pròiseactana tha a' libhrigeadh nan trì cuspairean comharraichte: a leanas:

- Daoine le fòcas air trèanadh sgilean agus comas cosnaidh
- A' cur cuideam air coimhearsnachd agus cultar ann an ceann atuath na h-Alba.
- A' cur aghaidh air bochdainn connaidh

### Barrachd tèarainteachd

Bidh àite fìor chudromach aig an tasgadh seo ann a bhith a' cur ri earbsachd lionra agus tèarainteachd solair do dhachaighean agus gnìomhachasan air feadh nan Eilean Siar, a' lùghdachadh eisimeileachd air an stèisean cruthachaidh dealain le cumhachd dìosail aig a' Bhataraidh ann an Steòrnabhagh.

Cumaidh e taic cuideachd ri oidhirpean nàiseanta gus barrachd neo-eisimeileachd lùths agus tèarainteachd lùths a libhrigeadh, a' lùghdachadh eisimeileachd na dùthcha air margaidhean lùths mòrreiccaochlaideach na cruinne.


### A' faighinn nam buannachdan sòisealta agus eaconomach as motha

Tha sinn gu mòr airson am feum as fheàrr de na cothroman agus buannachdan eaconomach ionadail nach beag a thig às natasgaidhean sin. A bharrachd air raon farsaing de chothroman airson an t-sèine solair ionadail, bidh diofar bhuannachdan aig diofar phròiseactan arèir an t-seòrsa obrach agus feumalachdan ionadail tron phròiseastogail.

Tha sinn ag obair gu dlùth ri Comhairle nan Eilean Siar agus luchd-leasachaidh cumhachd ath-nuadhachail nan Eilean Siar gus coimhead air cothroman còmhla agus dileab mhaireannach fhàgail tro bhith a' meudachadh chothroman sòisealta is eaconomach.

### Còrr is £30m de chaiteachas ionadail ann an Sealtainn

Airson co-theacs air an ìre de chaiteachas ionadail a dh'fhaodadh pròiseact libhrigeadh, tha pròiseact Ceangail HVDC 600MW Shealtainn, a tha coltach ri pròiseact nan Eilean Siar ach le sgòp agus ìre ìre tasgaidh nas lugha air a dhol seachad air £30 millean de chaiteachas ionadail dìreach. Bho bhith a' faighinn charbadan agus innealan ionadail air mhàl gu bhith a' cleachdadh cunnraidhean innleadaireachd catharra agus bidhe ionadail, tha sèine solair Shealtainn air a bhith air leth cudromach aig ìre togail a' phròiseict. Chan eil am pròiseact làn ghnìomhach fhathast, agus mar sin cumaidh an àireamh seo a' fàs gach latha. Tha sinn gu mòr airson togail air na chaidh ionnsachadh bhobhuannachdan ionadail aig pròiseact HVDC Shealtainn airson pròiseact Ceangail nan Eilean Siar.



# Geàrr-chunntas

Tha sinn a’ stiùireadh phròiseactan cumhachd mòra gus atharrachadh a thoirt air adhart san RA agus ann an Alba. Gus taic a thoirt do libhrigeadh targaidean gaoithe aig muir airson 2030 air an suidheachadh le Riaghaltasan na RA agus na h-Alba, agus gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan ionadail, femaidhsinn an lionra làithreach againn ùrachadh. Ann an cuid de phrìomh àiteachan, feumaidh sinn bun-structar gutur ùr a chruthachadh.

## Fo-stèisean 400kV AC agus stèisean tionndaidh DC aig Mòr-ionad Leòdhais

Is e adhbhar an leabhain seo agus an tachartais conaltraidh phoblaich fiosrachadh às ùr a thoirt seachad air an stèisean tionndaidh HVDC agus làrach an fo-stèisein AC.

‘S e leasachadh ro-innleachdail air a bheil feum a th’ ann am Mòrionadùr Leòdhais.

Le bhith a’ toirt seachad a’ cheangail HVDC 1.8GW seo gabhadh dealain a thig bho sgeamaichean coimeirsealta is coimhearsnachd a cheangal ri prìomh mhargaidh dealain Bhreatainn, a tha luchd-leasachaidh ionadail agus Comhairle nan Eilean Siar air a bhith ag iarraidh bho 2005.

### Tha eileamaidean a’ phròiseact a’ gabhail a-steach:

- Stèisean tionndaidh àrd-bholtachd sruth-dealain dìreach (HVDC) agus fo-stèisean sruth-dealain caochlaideach (AC) faisg air Steòrnabhagh.
- Timcheall air 4km de chàball HVDC fon talamh eadar an stèisean tionndaidh HVDC agus am fo-stèisean AC: agus Rubha Àirnis, Steòrnabhagh.
- 81km de chàball fon mhuir eadar Rubha Àirnis, Steòrnabhagh agus Dùn Dòmhnail air tìr-mòr na h-Alba.
- Timcheall air 80km de chàball HVDC fon talamh air tìr eadar Dùn Dòmhnail agus stèisean tionndaidh HVDC air tìr-mòr faisg air a’ Mhanachainn.
- Stèisean tionndaidh HVDC air tìr-mòr faisg air a’ Mhanachainn.



### Fuasgladh co-phàirteach

Às dèidh sgrùdaidhean farsaing agus measaidhean air làraichean eile, chaidh co-dhùnadh gur e am fuasgladh as fheàrr an dà ionad ùr a shuidheachadh air aon làrach nas motha seach air dà làrach eadar-dhealaichte. Is e a’ bhuanachd bho seo gum bithear a’ seachnadh càbaill ceangail AC fada agus gum bithear a’ lùghdachadh na buaidh lèirsinnich bho bhith a’ co-shuidheachadh a’ bhun-structar ùr seoann an aon àite.

# Cuidichibh le bhith a’ cumadh ar planaichean

Tha an obair a tha sinn air planadh cudromach agus tha comas aice gus buannachdan mòra a libhrigeadh sa choimhearsnachd agaibh, ann an Alba, agus nas fhaide air falbh. Ach tha fios againn gum feumar tòrr obrach a dhèanamh gus ar namasan a choileanadh a bheil buaidh air ur beatha. Sin as adhbhar gu bheil sinn airson a bhith ag obair còmhla ribh tron phròiseas air fad tro na h-ìrean dealbhaidh is libhrigidh airson nan obraichean riatanach agus àrd-amasach seo.

Tha sinn gu mòr airson pròiseas co-chomhairleachaidh brioghmhor a libhrigeadh a bhios a’ sìreadh bheachdan gu gnìomhach bho gach neach air an toireadh ar planaichean buaidh. Mar thoradh air seo, tha sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheil ar planaichean soilleir agus ruigsinneach, gus an urrainn dhuibh beachdan a thoirt dhuinn tro gach ìre den phròiseas leasachaidh.

Mar thoradh air seo, tha sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheil ar planaichean soilleir agus ruigsinneach, gus an urrainn dhuibh beachdan a thoirt dhuinn tro gach ìre den phròiseas leasachaidh. Bheir sinn dealbhan agus mapaichean seachad cuideachd gus sealltainn dhuibh far am bi a h-uile rud suidhichte.

Tha sinn airson ‘s gun co-roinn sibh ur beachdan air ar planaichean, far a bheil sibh a’ smaoineachadh gun urrainn dhuinn leasachaidhean a dhèanamh, far a bheil draghan oirbh mu bhuidhean ar n-obair agus na tha sibh a’ smaoineachadh air atharrachaidhean agus leasachaidhean sam bith a rinn sinn. Le bhith a’ toirt dhuinn ur beachdan, cuidichidh sibh le bhith a’ cumadh ar molaidhean. Tha sinn airson feum a dhèanamh den eòlas ionadail agaibh gus

am faic sinn dùbhlain sam bith ris nach robh dùil gu tràth agus gum faigh sinn na buannachdan agus na cothroman as motha do na coimhearsnachdan. Aig a’ cheann thall, tha sinn airson ‘s gun obraich sibh còmhla ruinn gus dèanamh cinnteach gum bi am bun-structar cumhachd a thogas

## Cò leis a tha sinn a’ conaltradh

A bharrachd air coimhearsnachdan, tha sinn cuideachd gu mòr airson beachdan fhaighinn bho fharsaingeachd de luchd-ùidh, a’ gabhail a-steach, ach chan ann a-mhàin, uachdarain, gnìomhachasan, luchd-comhairleachaidh neo-reachdail agus luchd-comhairleachaidh reachdail a’ gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail, NàdarAlba, Buidheann Dion Àrainneachd na h-Alba (SEPA), Àrainneachd Eachdraidheil Alba (HES) agus Urrasan is Bùird lasgaich Ionadail.



# Mòr-ionad

## Mòr-Leòdhais (fo-stèisean AC agus Ionad-tionndaidh HVDC)

### Dè a th' ann am Mòr-ionad Leòdhais?

Tha Mòr-ionad Leòdhais na eileamaid ro-chudromach den lionra dealain agus e na àite ceangail airson iomadh fho-stèisean airson tùsan cruthachaidh dealain, leithid tuathan-gaoithe agus stèiseanan cumhachd agus às-mhalairt cumhachd dhan ghriod nas fharsainghe.

Tha Mòr-ionad Leòdhais air a dhèanamh suas de dhà phrìomh eileamaid, fo-stèisean AC agus stèisean tionndaidh HVDC a thaceangailte gu dìreach ri chèile agus air an aon àrd-ùrlar, còmhla riceanglaichean nas fharsainghe ri cuairtean (circuits) fon talamh agus os cionn na talmhainn. Bidh meud iomlan an àrd-ùrlair (bun-stèidh na làraich) air am bi an dà chuid chuid timcheall air 570m x 310m. Bidh seo air a chuartaich le feansa tèarainteachd 4m a dh'àirde agus rathaidean a-steach, leasachaidhean sealladh-tìre agus. Thathar a' co-dhùnadh air meud agus àite mu dheireadh nam feartan seo an-dràsta.

### Prìomh Fheartan


Tha Mòr-ionad Leòdhais fìor chudromach ann a bhith a' cumail suas lionra lùths èifeachdach agus fallain, oir bidh iad a' cumail sùil air agus aithris air ais do ghniomhaichean air staitistig agus tachartasan gus fiosrachadh beò a thoirt seachad air an lionra againn. Nì am Mòr-ionad na leanas:

- Sgrùdadh agus comharrachadh air easbaidhean le comas gun gabh a dhealachadh bhon lionra gus an lionra a dhìon agus gus obair càraidh a cheadachadh.
- Comas gus cumhachd ath-stiùireadh agus dì-cheangal air adhbharan iarrtais/cumail suas.
- A bhith a' toirt seachad dàta leithid bholtachd agus sruth gus anruith e gu h-èifeachdach agus airson ro-aithrisean airson an àm ri teachd.
- Transform volt Ag atharrachadh bholtachd gu ìrean nas àirde no nas ìsle aiges to higher or lower ratings.


### Inntrigeadh

Thèid dà àite inntrigidh ùr a chruthachadh airson na làraich airson smachd agus sàbhailteachd obrachaidh, aon chun an lar bhon A859 agus aon chun an Ear bho Rathad Àirinis.

Thèid dà shlighe a-steach dhan làrach a chur a-steach aig ìre an togail gus meud is cuideam an trafaig air lionra nan rathaidean poblach a lùghdachadh. Tha feum air slighean-inntrigidh timcheall an làraich cuideachd.



Bun-structar maireannach Mòr-ionad Leòdhais air a chur air dealbh bhon adhar.



## Mòr-ionad Leòdhais - stèisean tionndaidh DC

### Dè nì stèisean tionndaidh DC?


Bidh stèiseanan tionndaidh ag atharrachadh dealan bho shruthdealain caochlaideach (AC) gu sruth-dealan dhìreach (DC), no ancaochladh. Nì bithear a' cleachdadh sruth-dealan caochlaideach ann an dachaighean, ach bithear a' cleachdadh sruth-dealan dhìreach gus dealan a ghiùlan gu h-èifeachdach thar astaran fada, leithid tro chàbaill fon mhuir, le nas lugha de chall dealain.

### Eileamaidean de phròiseact

Tha dà phòla aig an stèisean tionndaidh agus tha seo ri fhaicinn sandheabh-sgàthain aige ann an cumadh U. Air gach taobh, tuath is deas den togalach bidh sruth AC a' dol tro Thalla Criathrachaidh AC agus an uair sin a-steach do Thalla Reactar DC mus tèid e air adhart gu na Bhalbhaichean DC a chuireas crìoch air a' phròiseas gus an sruth a thionndadh bho AC gu DC. A bharrachd air sin tha togalaichean taice nas lugha ri taobh a' phrìomh thogalach.

### Cruth an togalach agus stuthan togail

Anns na togalaichean maireannach ann am Mòr-ionad Leòdhais, bidh an uidheamachd HVDC agus AC gu lèir ann an togalaichean mòra còmhdaichte le meatailt, le smachd cliomaid. Tha e coltach gum bi na togalaichean ann an cruth ceartcheàrnach, le còmhach stàilinn dedhath iomchaidh agus mullaichean teàrr. Bidh na prìomh thogalaichean aig an ionad tionndaidh mu 28m agus 27.5m a dh'àirde. Tha seo mar thoradh air an astar a dh'fheumas a bhith ann eadar anuidheamachd bholtachd àrd agus structar an togalach. Aig an àm seo tha sinn a' dèanamh ath-sgrùdadh air an dealbhadh le ar solaraichean uidheamachd, agus luchd-dealbhadh thogalaichean, le sùil a bhith a' lùghdachadh meud an togalach chun na h-ìre as motha 's a ghabhas.



## Mòr-ionad Leòdhais - fo-stèisean AC

### Dè nì fo-stèisean AC?

Ceanglaichidh fo-stèisean AC an Ceangal HVDC ri tìr-mòr agus ris an lionra AC ann an Leòdhais, a' cuideachadh leis an dealan a thèid a chruthachadh tron tuath-gaoithe ùr a tha san amharc. Bidh fo-stèiseanan AC a' riaghladh sruthan dealain taobha-staigh an lionra, agus dh'fhaodte gum bi seo a' gabhail a-steach a bhith a' ceangal agus dì-cheangal chuairtean gus an sruth a stiùireadh, bholtachd atharrachadh gu ìrean nas àirde no nas ìsle, a' riaghladh tricead an dealain agus ag àrdachadh èifeachdas agus earbsachd an t-solair cumhachd.

### Eileamaidean den phròiseact AC

Tha an uidheamachd AC uile air a chumail taobh a-staigh togalach le èadhar iom-dhealaichte (insulated), agus inneal suidse le iondhealachadh agus tallachan tionndaire mòra san togalach.

Tha àirde nan togalaichean eadar 12m agus 20m. Tha trì tallaichean tionndaidh dhan tuath leis an fhear as àirde air an làraich aig 20m a dh'àirde.

### A bharrachd air prìomh thogalaichean a' Mhòr-ionaid bidh am bun-structar maireannach a' gabhail a-steach:

- Càball 4km fon talamh bhon Stèisean Tionndaidh gu ruige an t-slighe far a bheil an càball fon mhuir a' tighinn air tìr aig Rubha Àirinis.
- Àite inntrigidh bhon A859 agus Rathad Àirinis.
- Feansaichean tèarainteachd (nota: tha an làrach ann an sgìre speuran dorcha agus cha tèid na solais a chur air ach a-mhàin ann an suidheachadh èiginneach no rè uairean obrach).
- Drèanadh làrach maireannach agus lòin SUDS.
- Lasachadh lèirsinneach, sgeadachadh tìre/bunndadh/sgrionadh/planntachadh.

### hathar an dùil gum bi obair togail agus air an làraich a' gabhail a-steach:

- Euidheachadh làrach tràth gus an làrach a chliorairgeadh agus gus àrd-ùrlar còmhnaidh a chruthachadh.
- Làraichean ath-nuadhachaidh agus/no ath-shuidheachadh mòinteach.
- Togalaichean togail sealach agus raointean libhrigidh.
- Drèanadh làrach sealach.

# Mar a thagh sinn làrach Mòr-ionad Leòdhais

Ni am pròiseas againn gus làrach a thaghadh cinnteach gu bheildealbhadh, cead, obair togail agus ruith ar pròiseactan air andèanamh ann an dòigh chothromach a dh'adhbhraicheas ambuaireadh as lugha dhan choimhearsnachd agus àrainneachd ionadail, a' dèanamh cinnteach gu bheil am fuasgladh ris anaontaichear practaigeach bho shealladh eaconamach is teicnigeach.

Gus seo a dhèanamh bidh sinn a' leantainnpròiseas air an taobh a-staigh le taic bho chomhairlichean àrainneachd sònraichte. Bidh am pròiseas seo a' beachdachadh air taobhan teicnigeach athaobh na àrainneachd agus air cosgaisean gus toradh cothromach a lorg, agus tha e cuideachd a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh co-chomhairle le luchd-ùidh agus leis a' choimhearsnachd ionadail.



## Am pròiseas gus làrach a thaghadh

### Ìre 1 de bhith a' taghadh làrach: roghainnean tùsail

An toiseach, chaidh raon sgrùdaidh DE 5km a chomharrachadh faisg air an àite far a bheilear a' moladh un tèid an càball air tir aigaig Rubha Àirinis. Chaidh còig oghainnean tùsail a chomharrachadh, aig Rubha Àirinis, Àirinis an Iar, Pàirc Gnìomhachais Ghriod, GSP Steòrnabhaigh (ri taobh an Fho-stèisean ann an Steòrnabhaigh a th'ann mar-thà), agus ann am Marybank. Fhuair sgrùdadh ion-dhèantachd tùsail nach robh an làrach aig Rubha Àirinis mòr gu leòr airson an leasachaidh seo, agus mar sin chaidh Rubha Àirinis a dhiùltadh.

### A' taghadh làraich Ìre 2: dè thachair an uair sin?

Chaidh co-chomhairle a chumail air na ceithir làraichean a bha air fhàgail, agus chaidh an làrach aig Marybank a chur ann an dàdhiofar roghainn: 5) Marybank; and 6) Creed North.

Chaidh dàrna cuairt de cho-chomhairleachadh poblach a chumail ann an t-Samhain is an Dùbhlachd 2023 Aig an àm seo, chaidh Làrach 6 - Griod a Tuath a chur air adhart mar an roghainn làraich a b' fheàrr leinn Chaidh an co-dhùnadh gus àite eile a shireadh a dhèanamh mar fhreagairt dhìreach air fios air ais bhon choimhearsnachd onadail, a' sealltainn luach a' phròiseis co-chomhairleachaidh againn. Cumaidh sinn oirnn ag èisteachd agus ag obair gu cruthachail le buidhnean uachdarain, luchd-còmhnaidh agus luchd-ùidh nuair a bhios obair leasachadh air a' phròiseact a' dol air adhart. Chaidh beachdachadh air an làraich ùir seo taobh a-staigh a' mheasaidh ìre 2 a' cleachdadh nan aon ceistean teicnigeach, àrainneachdail agus cosgais sa chaidh a chleachdadh airson roghainnean eile. San Ògmhios 2024, chaidh an làrach ùr seo Làrach 8 - Mòinteach Àirinis ainmeachadh mar an roghainn làraich as fheàrr leinn.

### Dè tha air atharrachadh bho rinn sinn co-chomhairleachadh mu dheireadh?

- Aig an tachartas poblach mu dheireadh, chuir sinn air adhart Làrach 6 - Griod a Tuath, faisg air Marybank mar an làrach a b' fheàrr leinn.
- Às dèidh fios air ais bhon tachartas, agus bho phrìomh luchd-ùidhrinn sinn measadh air làraichean a bh'ann roimhe agus choimhead sinn air roghainnean a bharrachd.
- Mar thoradh air seo chaidh barrachd còmhraidh a chumail le uachdarain agus chaidh measadh a dhèanamh air seo gus roghainn eile airson làrach a stèidheachadh.
- Tha sinn a-nis a' cur air adhart làrach ùr as fheàrr leinn, Làrach 8 - Mòinteach Àirinis faisg air Tuathanas MhicAmhlaigh agus tha sinn an dùil iarrtas a chur-steach airson cead dealbhadh gus an làrach ùr seo a chleachdadh.

### Carson is e seo an t-àite as fheàrr airson Mòr-ionad Leòdhais?

Taobh a-staigh na sgìre sgrùdaidh againn de 5km bho far a bheil an càball mara a' tighinn air tir aig Rubha Àirinis, b' e an làrach seo a b' fheàrr uile gu leir a thaobh slatan-tomhais àrainneachdail, teicnigeach agus cosgais airson grunn adhbharan, a' gabhail a-steach na leanas:

- Tha làrach 8 a' lùghdachadh na buaidh air an àrainn brat-bhoglach nàdarra.
- A' toirt cothrom dhuinn gus buaireadh a lùghdachadh rè obair-togail talmhainn.
- Tha an làrach "nas còmhnaidhe" (nas lugha de eadardh ealachaidhean ann an àirde) an taca ri roghainnean làraich eile, a tha gar cuideachadh gus cothromachadh fhaighinn a thaobh lionaidh is gearraidh.
- Tha an làrach a thathar a' moladh a' toirt cothrom dhan pròiseact gus an ìre de bhuaireadh air ùir is talamh neo-leasaichte a lùghdachadh a rèir poileasaidh dealbhadh làithreach.


### Am measg na h-ath cheumman againn tha:

- Dealbhadh mionaideach
- Rannsachadh air an làraich
- Peat probing
- Suirbhidhean àrainneachd, a' gabhail a-steach sgrùdaidhean eòin agus sgrùdaidhean àrainn
- Sgrùdadh air fuaim sa chùlaibh
- A' fastadh cunnradair(ean) gus an dealbhadh airson an iarrtais dealbhadh a dhèanamh
- A' dèanamh nam Measaidhean
- Buaidh Coimhearsnachd
- A' dèanamh lèirmheas air beachdan bhon tachartas conaltraidh
- Conaltradh leantainneach leis a' choimhearsnachd ionadail

### Tha suim mhòr againn air ur beachdan

Tha obair leasachadh air dealbhadh làrach Mòr-ionad Leòdhais a' dol air adhart agus cumaidh sinn oirnn ag èisteachd ri fios air ais agus beachdan bho luchd-ùidh agus bhon choimhearsnachd ionadail, agus cuiridh sinn iad sin an gnìomh far a bheil sin comasach. Bidh sinn a' cumail barrachd thachartasan co-chomhairleachaidh san t-Samhain nuair a cho-roinneas sinn fios air ais bhon cho-chomhairle seo agus atharrachaidhean sam bith às dèidh sin air dealbhadh mus cuir sinn iarrtas dealbhadh gu Comhairle nan Eilean Siar tràth ann an 2025.

# Mapaichean lèirsinneach



**Thoir an aire:** Tha Crìoch na Loidhne Deirge nas fharsaingeach cuideachd a' gabhail a-steach raointean a chaidh a chomharrachadh airson leasachadh àrainneachdail, a tha a' gabhail a-steach cuid den mhòinteach faisg air an làrach ann an Grìod a Tuath far an robhar a' beachdachadh an stèisean adaptair a thogail roimhe.

Tha seo air a ghabhail a-steach sa PAN mar làrach a dh'fhaodadh abhith air an cleachdadh airson gealltanasan a' phròiseict gus a' bhuidhe àrainneachdail a tha aig an làrach a leasachadh agus a neartachadh.


Mar sin chan eil a' chrìoch PAN a' riochdachadh lorg-coise maireannach an fho-stèisein fhèin—tha e a' comharrachadh an raoin leasachaidh iomlan.



Luchdaich a-nuas lethbhreac den mhapa le bhith a' sganadh a' chòd QR no le bhith a' tadhal air an URL a leanas:  
[ssen-transmission.co.uk/western-isles](https://ssen-transmission.co.uk/western-isles)

# Dealbhan 3D


Tha sinn a' tuigsinn gum feum luchd-ùidh ionadail a bhith comasach air faicinn cò ris a bhiodh an leasachadh coltach san sgìre ionadail aca. Tha sinn air ìomhaighean 3D a bharrantachadh a bhios a' sealltainn Mòr-ionad Leòdhais san t-sealladh-tìre ionadail gus cuideachadh le bhith a' tuigsinn nam molaidhean a thaobh buaidh lèirsinneach, astar agus àirde.



Sealladh bhon adhar bhon iar-dheas a' coimhead dhan ear-thuath thairis air an fho-stèisean agus an stèisean tionndaidh le Baile Steòrnabhaigh ris a' chùl

Dh'fhaodte gun atharraich cruth agus dath ar molaidhean a rèir fios air ais agus atharrachaidhean a bharrachd air an dealbhadh. Ma thachras sin, ùraichidh sinn ar modail agus bhidio agus sgaoilidh sinn seo air an duilleag-lìn againn agus aig an ath thachartas.

Tha na seallaidhean sin air an sealltainn gun sgrionadh. Tha sinn ag obair còmhla ri ailtire cruth-tìre aig an àm seo gus cruthan cruth-tìre agus dealbhadh planntaigeadh a leasachadh gus cuideachadh le bhith a' cumail an fho-stèisean agus an stèisean tionndaidh à sealladh.





# Ceistean leasachaidh

Tron cho-chomhairleachadh mu dheireadh, mhinich sinn mòran de na ceistean innleadaireachd, àrainneachdail agus sòisealta air am bi sinn a’ beachdachadh nuair a thathar a’ stèidheachadh làrach phractaigeach airson an fho-stèisein. Agus sinn a-nis air làrach a mholadh, tha e comasach dhuinn barrachd fiosrachaidh a thoirt seachad mu chuid de na ceistean leasachaidh againn.

## Fiadh-bheatha ionadail

Tha sinn a’ gabhail ris gum feumar an àrainneachd ionadail a thuigsinn agus dèanamh cinnteach gun cuir sinn ceumannan iomchaidh an sàs aig àm togail gus fiadh-bheatha a dhìon bho bhuaireadh.

- **Suirbhidhean eòin:** Thòisich suirbhidh àite-fradhairc as t-Earrach 2024 agus tha sinn cuideachd air a bhith a’ conaltradh le NàdarAlba agus Buidheann Sgrùdaidh nan Eun-creachaidh ionadail.
- **Sgrùdadh Àrainn:** chaidh sgrùdaidhean àrainn aibhne a dhèanamh air Abhainn Ghriod san Iuchar 2024.
- **Sgrùdadh air Gnèithean Dionta:** Thèid suirbhidhean dhòbhrain a dhèanamh gus am Measadh Buaidh Coimhearsnachd Fhiosrachadh agus cuideachd mus tòisich obair togail air an làraich.

Fiosrachaidh suirbhidhean na measaidhean eag-eòlasach agus eun-eòlasach sa Mheasadh Buaidh Àrainneachdail..

Airson a h-uile gnè dìonta ainmichte, feuchaidh an dealbhadh ri buaidhean a sheachnadh/a lùghdachadh far an gabh sin dèanamh, agus far nach eil sin comasach, bheir e seachad na h-irean agus an seòrsa diolaidh a bhios iomchaidh. Far a bheil e riatanach, bithear a’ sìreadh ceadan gnè iomchaidh bho NàdarAlba agus thèid obair-togail a dhèanamh a rèir planaichean riaghlaidh airson gnèithean sònraichte. Ni seo cinnteach gun tèid riaghladh cùramach air gnèithean dìonta dhèanamh le eag-eòlaichean barantaichte.

## Trafaig

Thèid dà phuig-inntrigidh ùr a mholadh airson na làraich airsonsmachd obrachaidh agus sàbhailteachd, aon airson an fho-stèisean AC bhon A859 agus aon airson an ionad tionndaidh DC bho Rathad Àirinis.

Airson an obair thòiseachail air an làraich thathar an dùil gur annbho Rathad Àirinis a bhios a’ phrìomh shlighe a-steach dhan làrach gus an àireamh de charbadan trom air an rathad phoblach a lùghdachadh. Thèid na goireasan puirt ann an Àirinis agus sa Phort a chleachdadh airson stuthan togail agus uidheamachd a libhrigeadh.

## Cruth-tìre agus buaidh lèirsinneach

Thathar a’ beachdachadh gu faiceallach air coltas an fho-stèiseantaobh a-staigh a’ chruth-tìre agus cò às a chithear e. Tha sinn air Ailtire Cruth-tìre clàraichte neo-eisimeileach fhadthad gus ar cuideachadh leis an dealbhadh. Feumar Measadh Cruth-tìre agus Buaidh Lèirsinneach (LVIA) marphàirt den phròiseas Measadh Buaidh Àrainneachdail (EIA), gus buaidh an fho-stèisein agus an stèisean tionndaidh seo air cruth-tìre agus seallaidhean a mheasadh. Any impacts will be minimised and/or mitigated where possible.

Thèid buaidhean sam bith a lùghdachadh agus/no a lasachadh faran gabh sin dèanamh.



## Uisge agus drèanadh

**Thathar a’ sgrùdadh nan taobhan uisgeachaidh a leanas mar phàirt den Mheasadh Buaidh Àrainneachdail leantainneach:**

- Uisge-talmhainn agus uisge-uachdair
- An cunnart gum bi tuilean ann—thathar a’ cruthachadh measadh cunnairt a thaobh thuiltean a bhios mar phàirt den Aithisg Measadh Buaidh Àrainneachdail.
- Drèanadh air an làraich - thathar a’ dèanamh Measadh Buaidh Drèanaidh (DIA) agus bidh seo na phàirt den aithisg Measadh Buaidh Àrainneachdail.
- Solarachadh uisge poblach is priobhaideach
- Àiteachan dìon uisge òil
- Eag-shiostaman talmhainn a tha an urra ri uisge talmhainn

## Mòine agus ùir

Chaidh dealbhadh an stèisein tionndaidh agus àrd-ùrlar an fhostèisein, a bharrachd air an obair shealach uile, fhiosrachadh le sgrùdadh mòine air an làraich, agus chaidh na h-àiteachan leis a’ mhòine as doimhne a sheachnadh. Tha an rangachd lasachaidh a tha air a mhìneachadh ann an NPF4 a’ moladh an toiseach a bhith a’ seachnadh agus an uair sin a bhith a’ lùghdachadh na tha de bhuaireadh air ùirean air fearann neo-leasaichte.

Thathar a’ tuigsinn gun deach mu 50% den bhrat-bhoglach a ghearradh agus gu bheil e air atharrachadh gu mòr agus gum faodadh sgrùdadh air gearradh is lìonadh sealltainn gun cruthaicheadh an làrach seo cothrom gus buaireadh air an ùir a lùghdachadh. Thathar an dùil gun cruthaich obair-talmhainn tòrr mòine, agus tha sinn a’ coimhead air roghainnean gus mòine ath-chleachdadh an dàchuid air an làraich, agus aig àiteachan far an deach mòine atharrachadh far na làraich mar-thà.

## Soillseachadh

Ni sinn làn mheasadh air na riatanasan a thaobh soillseachadhtogail agus obrachaidh mar phàirt den Mheasadh Buaidh Àrainneachdail. Bidh am Measadh Buaidh Àrainneachdail a’ gabhail a-steach molaidhean làraich sònraichte gus buaidh aig soillseachadh sam bith air togalaichean faisg air làimh a lasachadh. Sgrìobhaidh sinn ro-innleachd soillseachaidh airson obair air an làraich mar phàirt den iarrtas dealbhachaidh. Leanaidh solais togail na cleachdaidhean as fheàrr gus dòrtadhsolais a lùghdachadh. Chan eil na fo-stèiseanan againn air an soillseachadh fad an tsìubhail ach an àite sin bidh solais tèarainteachd ann a bhios air an obrachadh nuair a bhios daoine faisg orra, a bharrachd air solais obrach air eagal ‘s gum bi feum air càradh èiginneach ann an uairean an dorchadais.

## Dualchas cultarail

Thèid suirbhidhean coiseachd làraich arc-eòlais a dhèanamh gus am Measadh Buaidh Àrainneachdail air an làraich fhiosrachadh.

Faodaidh measadh buaidh àrainneachdail ceumannan a mholadh leithid a bhith a’ cladhach feartan targaid mus tòisich an obairtogail, agus arc-eòlaiche le teisteanas (Clàrc Obrach Arc-eòlais) a bhith air an làrach aig àm obair-talmhainn gus sùil a chumail air cladhach.

Thèid sgeama sgrùdaidh sgrìobhte a chruthachadh gus cumha dealbhadh sam bith co-cheangailte ri arc-eòlas a shàsachadh, agus thèid seo aontachadh le CnES ro-làimh.

A bharrachd air buaidhean fiosaigeach dìreach bhon phròiseas togail, nì am Measadh Buaidh Àrainneachdail measadh air buaidh obrachaidh an fho-stèisein agus an stèisean tionndaidh ùr air atharrachaidhean taobh a-staigh suidheachadh so-mhaoinean dualchais chultarail. Bidh am measadh a’ gabhail a-steach seallaidhean bho phrìomhàiteachan-seallaidh air na stòrasan dualchais seo, ann an aonta le CnES agus Àrainneachd Eachdraidheil Alba, agus bithear a’ beachdachadh air buaidhean a dh’fhaodadh a bhith ann tro atharrachaidhean taobh a-staigh suidheachadh nan stòrasan dualchais mar phàirt den phròiseas leasachaidh dealbhadh leantainneach.

## Fuaim

Chaidh sgrùdaidhean bun-loidhne fuaim a dhèanamh le mothachearan fuaim faisg air an làraich gus am measadh fuaimo brachaidh fhiosrachadh.

Thèid measaidhean fuaim togail is obrachaidh a dhèanamh. Thèid beachdachadh air ceumannan lasachaidh iomchaidh gusfuaim bhon leasachadh a lùghdachadh.

## Buannachd bith-iomadachd


Gus call a lùghdachadh/dioladh airson call sam bith far nach gabh a sheachnadh, tha sinn airson raointean a chomharrachadh airson ath-nuadhachadh mòine faisg air an làraich, ach cuideachd ann an àiteachan eile. Tha seo a rèir ar dealais gum bi ‘Buannachd lom’ ann a thaobh bithiomadachd.

## Cleachdadh fearainn agus cur-seachad

Cha do chomharraich sinn slighean astar fada, prìomh-cheuman no còir-imeachd phoblach air an comharrachadh taobh a-staigh crìochan na làraich.

Tha fios againn gu bheil iasgach, sealg agus stalcaireachd fèidh a’ tachairt san sgìre mun cuairt.

## Mapa le feartan agus sònraichidhean àrainneachd



Tha am mapa seo a' sealltainn feartan agus sònraichidhean àrainneachdail air an comharrachadh san sgìre fharsaing. Gheibhear lethbhreac den mhapa seo bho dhuilleag-lìn a' phròiseict.

## Leasachadh lèirsinneach

Gu h-ìosal chithear cuid de na dathan a dh'fhaodadh a bhith air na togalaichean.


Mar phàirt den phròiseas co-chomhairleachaidh agus de chòmhradh leis an Ùghdarras Ionadail tha sinn a' coimhead air dathan nan togalaichean agus lasachadh lèirsinneach. Thathar a' dèanamh ath-sgrùdadh air comasachd lasachaidhean eile a ghabhadh a dhèanamh gus an làrach a sgrionadh le eòlaichean sealladh-tìre agus lèirsinneach mar phàirt den phròiseas dealbhaidh a' gabhail a-steach planntachadh chraobhan is phreasan.

Tha sinn a' sireadh beachdan agus mholaidhean mar phàirt den cho-chomhairle seo agus tha sinn air coimhead an toiseach air dathan nan togalach mar a chithear gu h-ìosal gus an còmhradh a thòiseachadh.

### Eisimpleirean de dhath nan togalaichean



Donn Van Dyke



Donn-uaine

# A' libhrigeadh dìleab àrainneachd adhartach

Annas gach pròiseact a libhrigeas sinn, feumaidh sinn daonnan beachdachadh air mar a bheir sinn buaidh air an àrainneachd san àite sin. As we enhance the transmission network in the North of Scotland, we have a responsibility to design and build our projects to protect and enhance the environment. Nuair a tha sinn a' toirt piseach air an lionra tar-chuir ann an ceann a tuath na h-Alba, tha e mar dhleastanas oirnn ar pròiseactan a dhealbhadh agus a thogail gus an àrainneachd a dhìon agus aneartachadh. Feuchaidh sinn an-còmhnaidh ris a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhithaig ar gnìomhachd a lùghdachadh agus gus Buannachd Bithiomadachd Lom fhaighinn.

Mar a' chiad chompanaidh leasachaidh a rinn co-chomhairleachadh agus a chuir an gnìomh dòigh-obrach a choisinn duaisean gus Buannachd Bith-iomadachd Lom a libhrigeadh air a huile làrach ùr againn, tha sinn gu mòr airson "grìod nas uaine" a libhrigeadh, le fòcas air ath-nuadhachadh àrainnean

agus cruthachadh fàs bith-iomadachd nuair a tha sinn a' tasgadh san lionra againn. Tha e na rùn dhuinn 10% de Bhuanachd Bith-iomadachd lom a libhrigeadh air a h-uile làrach a gheibh cead san àm ri teachd. Nì seo cinnteach nach e a-mhàin gu bheil sinn ag ath-nuadhachadh ar n-àrainnean nàdarra ach gu bheil iad a' toirt piseach orra gu gnìomhach airson buannachd nan coimhearsnachdan ionadail.

Rè obair leasachaidh, togail agus obrachadh nam pròiseactan againn, fàgaidh sinn an àrainneachd ann an staid a tha gu math nas fheàrr na bha e mus do thòisich obair leasachaidh, a' dèanamh cinnteach gum bi deagh dhìleab àrainneachdail air na làraichean againn uile.

Far nach gabh seo a sheachnadh, bidh sinn a' toirt a-steach àrainnean ùra a bharrachd air oidhirpean ath-leasachaidh. Gabhaidh seo a dhèanamh taobh a-staigh crìochan na làraich leasachaidh, no le bhith a' toirt taic do bhuidhnean ionadail a tha an sàs ann am pròiseactan ath-nuadhachadh no cruthachadh àrainnean, taobh a-staigh sgìre na làraich leasachaidh.

Ma tha pròiseactan leasachaidh bith-iomadachd san sgìre ionadail agad sam b' urrainn dhuinn pàirt a ghabhail, cuiribh fios thugainn. Gheibhear fiosrachadh conaltraidh a' Mhanaidseir Ceangal Coimhearsnachd air taobh-duilleig 29.

## Eisimpleirean de phròiseactan

### Fo-stèisean Inbhir Theòrsa a Deas agus Urras Glèidhteachais nan Seillean-mòra


Chruthaich sinn timcheall air 10 heactair de dh'àrainn a thafreagarrach do sheilleanan gus taic a chumail ri poileanachadh an tseillean-mhòir bhuidhe. Chuir seo ri oidhirpean glèidhteachais nas fharsainge airson a' ghnèsheillean seo. Chuidich co-obrachadh le Urras Glèidhteachais nan Seillean-mòra rannsachadh air a' bhìadh a tha ri fhaighinn do sheilleanan-mòra, a chomharraich gun robh feum air measgachadh sil anns abheil prìomh ghnèithean flùraichean gus cur ri solar bidh tràth, sa phrìomh sheusan agus gu h-anmoch gus taic a thoirt do chuairtbeatha iomlan nan seilleanan-mòra.

### Argyll Coast and Countryside Trust (ACT)


Tha coille-uisge Earra-Ghàidheal na h-àrainn gun samhail agus tearc anns a bheil coille àrsaidh is dhùthchasach. Cuidichidh an co-obrachadh seo le ACT le bhith a' libhrigeadh nan gealltanasan againn ann an Earra-Ghàidheal airson a bhith a' cur chraobhan agus a thaobh Buannachdan Bith-iomadachd Lom. Tha e cuideachd a' co-thaobhadh ri rùintean planntachaidh coille ACT, a' toirt taic do na h-amasan carthannach aige a' gabhail a-steach buannachd bith-iomadachd, slàinte is sunnd, leasachadh do mhuinntir an àite, cothroman ionnsachaidh a-muigh agus bùthan-obrach air atharrachadh na gnàth-shìde.



Fo-stèisean Inbhir Theòrsa a Deas - Raon leasachaidh Àrainnean do sheilleanan



# Loidhne-ama a' phròiseict



# Ar pròiseactan anns na h-Eileanan an Iar

Mar a' chompanaidh tar-chuir dealain ann an ceann a tuathna h-Alba, feumaidh sinn an lionra tar-chuir dealain bholtachd àrd san sgìre againn a chumail suas agus a bhith a' tasgadh ann gus solar dealain sàbhailte agus earbsach a thoirt do na coimhearsnachdan againn.

Feumaidh sinn cuideachd cumhachan a thabhann airson ceanglaichean ris an lionra tar-chuir airson goireasan cruthachaidh dealain ùr leithid tuathanas-gaoithe agus sgeamaichean pumpadh uisge stòraichte agus airson tùsan ùra de dh'iarrrtas dealain. Mar sin, a bharrachd air Mòr-ionad Leòdhais agus an stèisean tionndaidh, tha grunn phròiseactan eile againn taobh a-staigh na sgìre ionadail a tha sinn a' toirt air adhart an-dràsta, a tha air am mineachadh gu h-ìosal.



## Os-loidhne eadar na Hearadh agus Steòrnabhagh aig 132kV

Os-loidhne 132kV ùr, mu 58km de dh'fhaid a' ceangal Àite Solarachaidh Grid na Hearadh agus Àite Solarachaidh Grid Steòrnabhagh a' cur loidhne trì-mheurach pòla H ùr an àite na loidhne pòla trì-mheurach singilte.

Fhuair an os-loidhne seo Cead S37 bho Ministearan na h-Alba air 23 Gearran 2024 agus tha i a-nis ga togail.

## Stèisean suidsidh Bhaile Ailein

Stèisean suidsidh 132kV ùr ann am Baile Àlainn gus ceangal a dhèanamh eadar an os-loidhne 132kV bho Thuath-gaoithe Mhuaitheabhal agus an os-loidhne 132kV eadar na Hearadh agus Steòrnabhagh.

Bheir an stèisean suidsidh comas do Thuath-gaoithe Mhuaitheabhal ceangal a dhèanamh ris an os-loidhne 132kV gu Mòr-ionad Leòdhais agus a bhith a' cur dealan a-nall gu tìr-mòr troncheangal càball HVDC a tha san amharc.

## Ceangal ri tuath-gaoithe Steòrnabhagh

Ceangal os-loidhne aig 132kV bho Thuathanas-gaoithe Steòrnabhagh gu Mòr-ionad Leòdhais.

Bheir an os-loidhne seo cothrom do Thuathanas-gaoithe Steòrnabhagh dealan a chur a-nall gu Tìr-mòr tro cheangal càball HVDC ùr.

## Ceangal ri tuath-gaoithe Mhuaitheabhal

Ceangal os-loidhne aig 132kV eadar stèisean ùr Bhaile Ailein agus Tuathanas-gaoithe Mhuaitheabhal.



Rannsaich na pròiseactan againn le bhith a' sganadh a' chòd QR no le bhith a' tadhal air an URL a leanas: [ssen-transmission.co.uk/western-isles](https://ssen-transmission.co.uk/western-isles)

## Càball fo-talamh airson HVDC nan Eilean Siar

Mar phàirt de na molaidhean againn, tha sinn an dùil timcheall air 4km de chàball fon talamh a chur a-steach air tìr gus ceangal a dhèanamh eadar Mòr-ionad Leòdhais anns na h-Eileanan Siar agus an càball fon mhuir a tha a' tighinn bho tìr-mòr.

Bidh seo a' gabhail a-steach càball fon talamh Sruth-dealain Caochlaideach Bholtachd Àrd (HVDC) (HVDC) bho Rubha Àirinis far a bheil an càball a' tighinn air tìr gu stèisean tionndaidh Mòr-ionad Leòdhais.

Dh'fhaodte gun tèid obair a thaobh ductadh càball a dhèanamh rè obair leasachaidh rathaid Ùghdarras Port Steòrnabhagh gus an rathad singilte a leudachadh gu rathad dà-fhillte.

Chithear an t-slighe a thathar a' moladh airson seo air an dealbh gu h-ìosal. Cha bhi an càball fon talamh seo mar phàirt den iarrrtas dealbhadh foirmeil airson fo-stèisean 400kV AC agus stèisean tionndaidh DC Leòdhais agus thèid a thoirt air adhart fo Leasachadh Ceadachd.



Slighe càball fon talamh HVDC a thathar a' moladh gu Àirinis far abheil an càball fon mhuir a' tighinn air tìr.

## Leasachaidhean eile

Tha fios againn gu bheil luchd-ùidh ionadail airson tuigse fhaighinnair sgèile iomlan nan leasachaidhean ath-area are Bithear a' dèanamh iarrrtas gus ceangal ris an lionra tar-chuir sansgìre ceadachd againn chun a' Ghriod Nàiseanta ESO agus thèid sinn tro phròiseas measaidh fada mus tòisich We aim to be transparent about the renewable developments looking to connect to our network but are not permitted to disclose any details Tha sinn ag amas air a bhith follaiseach mu na leasachaidhean

athnuadhachail a tha airson ceangal a dhèanamh ris an lionra againn ach chan eil cead againn mion-fhiosrachadh fhoillseachadh de na leasachaidhean sin gus am bi iad san raon phoblach. Tha liosta de phròiseactan aig a bheil cùmhnanan airson Comas Inntigidh Tar-chuir (Transmission Entry Capacity - TEC) ris a' Ghriod Nàiseanta, sealbhadair an t-siostam dealain ri fhaighinn bhon làrach-lìn aca: [nationalgrideso.com](https://nationalgrideso.com)

# Tog do ghuth

Tha sinn a' cur luach ann am fios air ais bhon choimhearsnachd agus bho luchd-ùidh. Às aonais seo, cha bhiodh e comasach dhan sgioba pròiseactan athoirt air adhart agus moladh cothromach a chur ri chèile.

## An ceann-latha airson beachdan

Bidh sinn a' sireadh beachdan deireannach agus fios air ais bhon phoball, luchd-comhairleachaidh reachdail agus prìomh luchd-ùidh eile mu na molaidhean againn gu **17 Dàmhair 2024**.

## Mar a bheirear beachdan seachad

Cuiribh a-steach ur beachdan agus fios air ais le bhith a' lìonadh agus a' cur air ais an fhoirm aig cùl an leabhrair seo a tha cuideachd ri fhaighinn air-loidhne tro dhuilleag-lìn a' phròiseict, no bhith a' cur post-d no a' sgrìobhadh chun a' Mhanaidseir Ceangal Coimhearsnachd agaibh.

## An sgioba ceangail coimhearsnachd againn

Tha Manaidsear Ceangal Coimhearsnachd sònraichte aig gach pròiseact a bhios ag obair gu dlùth le buill na coimhearsnachd gus dèanamh cinnteach gu bheil deagh fhiosrachadh aca mu na molaidhean againn agus gus an tèid na beachdan, draghan, ceistean agus molaidhean a chur air adhart do na sgiobannan pròiseact againn. Cluinnidh sibh bhuainn gu cunbhalach tro bheatha ar pròiseactan. Tha sinn ag amas air dàimhean obrach làidir a stèidheachadh le bhith ruigsinneach do phrìomh luchd-ùidh ionadail leithid comhairlean coimhearsnachd, comainn luchd-còmhnaidh agus urrasan leasachaidh, agus a' conaltradh gu cunbhalach le daoine le ùidh sa chùis.



Gus taic a chumail ris a h-uile duine air-loidhne, bidh sinn a' toirt seachad roghainnean ruigsinneach agus roghainnean cànan airan làraich-lìn againn tro 'Recite Me'. Tha na roghainnean ruigsinneach agus taic cànan a tha 'Recite Me' a' toirt seachad a' gabhail a-steach comas teacsa-gu-cainnt, feartan stoidhle a ghabhas atharrachadh, goireasan leughaidh, agus inneal eadar-theangachaidh le còrr is 100 cànan, a' gabhail a-steach 35 le teacsa-gu-cainnt. Taghaibh "Ruigsinneachd" air an làrach-lìn againn gus ar bàr-inneal-innhalach fheuchainn."

## Na rudan air a bheil sinn a' sireadh beachdan

Anns an tachartas co-chomhairleachaidh phoblach mu dheireadh againn san t-Samhain 2023, bha sinn airson beachdan a chluinntinn air na làraichean fo-stèisean air an robhar a' beachdachadh agus an robhar ag aontaicheadh leis an fhear a dh'ainmich sinn mar an roghainn a b' fheàrr leinn. Tha sinn airson ur beachdan a chluinntinn agus gun innis sibh dhuinn nuair a tha sibh a' smaoinichadh gun urrainn dhuinn leasachaidhean a dhèanamh. Tha sinn cuideachd airson 's gun innis sibh dhuinn mu dhraghan sam bith a dh'fhaodadh a bhith agaibh mu bhuaidh ar cuid obrach, a' gabhail a-steach àm an togail. Bhiodh e cuideachail tuigsinn na tha sibh a' creidsinn a bu chòir dhuinn a bhith a' dèanamh gus buaidh an leasachaidh a lùghdachadh. Dh'iarraim oirbh cuideachd cothroman sam bith a chomharrachadh airson buannachd coimhearsnachd ionadail no leasachadh àrainneachdail a dh'fhaodadh sinn a libhrigeadh an cois a' phròiseict seo. Tha sinn a' brosnachadh a h-uile ball den choimhearsnachd aig abheil ùidh foirm beachdan a lìonadh nuair a chuireas sibh beachdan a-steach, ach mas fheàrr leibh, faodaidh sibh post-d a chur thugainn gus ur beachdan a thoirt seachad no ceist sam bith fhaighneachd.

## Oifigear Ceangail Coimhearsnachd



### Kevin Morrison

Scottish Hydro Electric Transmission, Am Bataraidh, Steòrnabhagh, Innse Gall, HS1 2RT



+44 7586 237 814



kevin.morrison@sse.com

## Fiosrachadh a bharrachd:



Is e an dòigh as fheàrr gus am fiosrachadh as ùire fhaighinn a bhith a' clàradh airson ùrachaidhean pròiseact fhaighinn tro làrach-lìn a' phròiseict.

[ssen-transmission.co.uk/western-isles](https://ssen-transmission.co.uk/western-isles)

Faodaidh sibh ar leantainn air na meadhanan sòisealta:



@assentransmission



@SSETransmission

# Do bheachdan

Mòran taing airson ùine a thoirt seachad gus a' bhileag cho-chomhairleachaidh seo a leughadh. Gus do bheachdan a chlàradh agus gus cuir ri cho-èifeachdach 's a tha a' cho-chomhairle againn, lìon am foirm beachdan goirid seo.

Lionaibh seo ann an LITRICHEAN MÒRA (Cuiribh comharra ann an aon bhogsa a-mhàin)

**C1. An robh sibh an làthair aig an tachartas againn ann an Steòrnabhagh air 5 Sultain, neo an do choimhead sibh air na stuthan cho-chomhairleachaidh againn air-loidhne?**

Gu pearsanta

Air-loidhne

Cha robh mi an làthair

**C2. A bheil sibh ag aontachadh leis an àite a thathar a' moladh airson a bhith a' togail fo-stèisean Mòr-ionad Leòdhais agus Stèisean Tionndaidh HVDC?**

Tha

Chan eil

Chan eil mi cinnteach

Beachdan:

**C3. A bheil beachd sam bith agaibh air far a bheil an leasachadh suidhichte?**

Beachdan:



**C4. A bheil beachd sam bith eile agaibh mun dealbhadh no mun chrutha thathar a' moladh airson leasachadh Stèisean Adaptair HVDC aig Mòr-ionad Leòdhais?**

Beachdan:

**C5. A bheil beachd sam bith agaibh air coltas an fho-stèisein, no a bheil beachd agaibh air dè an dath a bu chòir a bhith air togalaichean an fho-stèisein?**

Beachdan:

**C6. A bheil rud sam bith eile ann air am bu toil leibh barrachd fiosrachaidh fhaighinn airson an ath thachartas co-chomhairleachaidh anns an t-Samhain 2024?**

Beachdan:

**Ainm slàn:** ..... **Post-d:** .....

**Fòn:** ..... **Seòladh:** .....

Bu toil leinn conaltradh buntainneach a chur thugaibh tron phost-d, mar eisimpleir, cuiridhean gu tachartasan luchd-ùidh, suirbhidhean, ùrachaidhean air pròiseactan, seirbheisean agus leasachaidhean san àm ri teachd bhon bhuidhinn Scottish and Southern Electricity Networks a tha air a liostadh gu h-ìosal. Faodaidh sibh sgur a bhith a' fo-sgrìobhadh aig àm sam bith le bhith a' cur fios thugainn aig stakeholder.admin@sse.com no le bhith a' briogadh air a' cheangal dì-chlàraidh a bhios aig deireadh gach post-d againn. Ma tha sibh toilichte ùrachaidhean post-d fhaighinn, thoiribh dhuinn aonta le bhith a' cur strìochag sa bhogsa gu h-ìosal.

**Ma tha sibh airson fiosrachadh fhaighinn mu adhartas leis a' phròiseact, cuiribh strìochag sa bhogsa seo.**

**Tapadh leibh airson ùine a chur seachad gus am foirm seo a lionadh. Cuiribh a-steach am foirm crìochnaichte agaibh ann am fear de na dòighean gu h-ìosal:**

**Post::** Taigh Inveralmond, 200 Rathad Dhùn Chailleann, Peairt PH1 3AQ

**Email:** kevin.morrison@sse.com

**Air-loidhne::** ssen-transmission.co.uk/western-isles

Airson fiosrachadh air mar a bhios sinn a' cruinneachadh agus a' làimhseachadh an dàta agaibh, faicibh am fios prìobhaideachdagainn a tha ri fhaighinn aig tachartas an latha an-diugh. Gheibhear seo air-loidhne cuideachd aig: ssentransmission.co.uk/privacy

Bidh foirmean bheachdan agus am fiosrachadh gu lèir bho thachartas an latha an-diugh rim faighinn cuideachd airson luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn a' phròiseict.


Tha sinn an dùil AI a chleachdadh gus na sgiobaidhean sgìleil againn a chuideachadh ann a bhith a' sgrùdadh ur beachdan, gus an urrainn dhuinn na prìomh phuingeann a chaidh a thogail a sheòrsachadh nas luaithe. Faodaidh sibh barrachd ionnsachadh mu mar a tha sinn a' cleachdadh AI aig: ssen-transmission.co.uk/AIFAQ

Dh'fhaodte gun tèid fiosrachadh sam bith a gheibhear air an fhoirm bheachdan a chleachdadh agus fhoillseachadh gun urra mar phàirt de dh'aithisg co-chomhairleachaidh Scottish and Southern Electricity Networks. Le bhith a' lionadh an fhoirm bheachdan seo tha sibh a' toirt ceaddo Scottish and Southern Electricity Networks a bhith a' cleachdadh fios air ais airson an adhbhair seo.


Tha Scottish and Southern Electricity Networks na ainm malairt aig: Scottish and Southern Energy Power Distribution Limited Clàraichte ann an Alba Àir. SC213459; Scottish Hydro Electric Transmission plc Clàraichte ann an Alba Àir. SC213461; Scottish Hydro Electric Power Distribution plc Clàraichte ann an Alba Àir. SC213460; (tha na h-oifisean clàraichte aca uile aig Taigh Inbhir Amain, 200 Rathad Dhùn Chailleann, Peairt PH1 3AQ); agus Southern Electric Power Distribution plc Clàraichte ann an Sasainn is a Chuimrigh Àir. 04094290 le a oifis chlàraichte: aig Number One Forbury Place, 43 Forbury Road, Reading, Berkshire, RG1 3J, a tha nam ball den SSE Group.



# Nòtaichean



# Nòtaichean





# Nòtaichean

